


Clar-innseadh
CAMPA COMUNN NA H-OIGRIDH

1938

Le Dealbhan air Campa 1937



“Cothrom na Féinne do'n Chloinn, a dhuine chòir, agus so agad cothrom nach d'fhuair thusa, no mise, an làithean ar n-òige. Bhitheadh e dìreach gòrach a dhiùltadh.”—Mórag, an “Comhradh a' Champa.”

AN COMUNN GAIDHEALACH, 131 WEST REGENT STREET, GLASGOW, C.2.



Na Caileagan, 1937.



Na Balaich, 1937.



Dhuibh-se, Pàrantan na Gaidhealtachd, a bha 'g éisdeachd ris a' chòmhradh a chaidh a chraobh-sgaoileadh bho Champa nan Caileagan, 1937, cha ruigear a leas dad innseadh mu'n deagh chùram a tha luchd-dreuchd a' Champa ag gabhail de'n Chloinn a thig.

Campa, 1938.

AIREAMH.—Bithidh àite airson sia fichead Ball de Chomunn na h-Oigridh, 60 Caileag airson na ceud seachduinne agus 60 Balach airson seachduin eile.

AITE.—Bithidh an Campa an Sonachan Uachdrach, Earraghaidheal, 9 mìle bho Dhail-Mhaillidh, air taobh Loch Odha.

AM A' CHAMPA.—Na Caileagan: Dir-daoin an 14mh là gus Dir-daoin an 21na là de'n Iuchar.

Na Balaich: Dir-daoin an 21na là gus Dir-daoin an 28mh là de'n Iuchar.

UIDHEAMACHADH A' CHAMPA.—Caidlidh na Buill ann am pàilliunan, suas ri ceithir anns gach pàilliun: tha iad sin dà-throigh-deug gach rathad. Gheibh gach Ball leaba-champa, agus leaba-ìochdrach air a deagh lìonadh le connlaich. Feumaidh gach Ball dà phlancaid a thoirt leis.

AITREABHAN EILE.—Tha talla a' bhaile air a threasdadh airson seomair-bìdh, anns am bi tràthan-bìdh air an solar ceithir uairean 'san là. Tha'n seòmar so cho mór's gun cumadh e àite-cadail ris na h-uile 'nan éireadh na siantan gu ro-gharbh.

CURAM A' CHAMPA.—Bithidh fear comasach de mhuintir a' Chomuinn Ghaidhealaich air ceann a' Champa, agus fodha-san bithidh àireamh de dhaoine's de mhnathan ag cuideachadh leis: 'nam measg bithidh Oileanach-leighis agus Bean-eiridnidh.

CIS-BHUIRD.—Pàighidh gach Ball a thig, 10/- 'san t-seachdainn airson lòn: pàighidh an luchd-dreuchd an uiread sin cuideachd.

COIR AIR A' CHAMPA.—Bithidh còir aig 60 Caileag agus 60 Balach ann am Feachdan Comunn na h-Oigridh tighinn do'n Champa. Cha ghabhar ach ri Buill a tha os cionn 12 bliadhna dh'aois.



An Luchd-dreuchd, 1937.



Tarrung-catha.

Cha ghabhar ach suas ri deichnear Bhall (eadar Balaich is Cailleagan) às an aon Fheachd anns am bheil fo dhà fhichead Ball gu léir: còig-deug às an aon Fheachd anns am bheil dà fhichead no barrachd.

Air na cùmhnantan sin, bheirear còir tighinn do'n Champa do na Buill as luaithe chuireas an iarrtus airson àite ann. Feumaidh gach ainm a bhi ann roimh'n 30mh là de'n Ghiblean: cha ghabhar ri ainm a thig as déidh sin. Aitean sam bith nach 'eil air an lionadh a réir na dòigh ud shuas, faodaidh Comhairle Clann an Fhraoich an lionadh le Buill mar a chi iad iomchuidh.

TURUS DO'N CHAMPA AGUS DACHAIDH.—Bheirear min-chunntas mu a thurus do gach Ball a bhios a' tighinn, mu thoiseach an Oigmhios. Cuirear gu feum gach isleachadh-faraidh a bheir na Cuideachdan air muir is tìr. Feumaidh gach Ball cosdas a thuruis gach rathad a phàigheadh: ach mar chuideachadh leò-san a thig às na h-àitean as fhaide mach, bheirear air ais do gach Ball na phàigheas e thairis air 10/-, suas gu crùn. Mar eisimpleir, ma phàigheas e 12/6, gheibh e leth-chrùn air ais: ma's 17/6, gheibh e crùn air ais.

AODACH, ETC.—Thoireadh na Buill leo atharrachadh gach buill-aodaich agus caisbheirt: agus deise-cadail air leth bho aodach-latha. Dà phlancaid aig a' chuid as lugha: searadair, cìr, brus-fhiacail. Is fearr còta-uisge na còta-drógaid. Thoireadh na Balaich an camain.

RIAGHAILTEAN.—Ruithear an Campa air a' chuid as lugha de riaghailtean, a chum's gum bi an cuid mhath de shaorsa aig na h-uile. Ach feumaidh na Buill a bhi umhail do na bhios ann de riaghailtean, agus bithidh làn chòir aig Ceannard a' Champa Ball sam bith a bhriseas riaghailt, no a ghiùlanas e fhein gu mi-mhodhail, a chur dhachaidh. So na riaghailtean bunaiteach:—

- (i) A' Ghaidhlig a bhruidhinn mar aona chainnt a' Champa.
- (ii) Gach Ball a bhi taobh-stigh crìochan a' Champa an déidh suipearach, agus 'na phàilliun fhéin an déidh deich.
- (iii) Gun dol ann am bàta 's gun fhear-dreuchd a bhi leis.

Tha e air iarraidh air na h-uile an duilleag so a dheanamh aithnichte air feadh Buill Comunn na h-Oigridh agus am Pàrantan.



Fo sgàil nan craobh.



A' falbh gu cuirm-chnic.



Fa-chomhair Cruachan Beann.



Domhnall a' tachas a chinn mu cheist iomchair.

A LEARMONTH & SON
Printers,
9 KING ST., STIRLING.
